

APS 1. 203-043



139 APS. 1 2035013  
EARAIL DO'N OIGRIDH,

LEIS AN

URRAMACH EOIN BROWN,

ANN AN HADDINGTON.

*William* *Gray*  
A dhaoine agus a mhnathan, og ionmhuinn, seadh oganach-  
aibh agus a bhan-oganachaibh, leigibh dhomh bhur n-earal-  
achadh, ann an ainm an Dé mhoir agus shiorruidh sin 'ur  
Slanuighcar, d'an eigin duibhse agus dhomsa ann an uine  
ghrad cunntas a thabhairt air ar giulan. Agus O! gu'n  
caireadh Spiorad nan uile ghrais r'ar coguisibh na firinnibh  
a tha sibh re chluinntinn.

1. Smuainichibh gu durachdach, gu bheil ANAMA agaibh,  
ANAMA NEO-BHASMHOR,—ANAMA do nach'eil an saoghal  
uile, seadh, deich mile saoghal, coimeas ann an luach.—  
ANAMA, a ta comasach air Dia neo-chriochnach a mheal-  
tuinn mar an UILE ANNS NA H-UILE gu siorruidh; ANAMA,  
a theid gu gairid gu staid truaighe no sonais do-smuainea-  
chaidh, Mat. xvi. 26, agus x. 38. Ma tha sibh air 'ur bean-  
nachadh le parantaibh, maighsteirean, no ministeiribh, aig  
am bheil cùram d'ur n-anamaibh, gabbaibh gu h-ealamh r'an  
teagasg, agus leanaibh an cisiomplair. Na cuiribh gu brath  
bhur slainte shiorruidh ann an cunnart le sibh fein a thilgcadh  
do theaghlach gun ghra's, air son beagan tuille buannachd.—  
Ma bhios coslas air parantaibh, air maighstiribh, no air  
ministeiribh, ta bhi neo-churamach mu thiomchioll bhur n-  
anamaibh, na deanaibhse air an aobhar sin an tilgeadh air  
falbh gu damnadh siorruidh. Ach deanaibh feum d'ur cor-  
truagh mar brosnachadh, agus mar aobhar gu gleachd  
d'urachadh re Dia, gu truas a ghabhail d'ur staid,—bhur  
staid ro-bhronach.

2. Smuainichibh ciod an staid anns am bheil sibh cheana,  
am feadh a tha sibh as eugmhais Chrìosd,—cìontach am  
fianuis Dhe, Rom. iii. 19, 20.—n'ur naimhde do Dhia, Rom.  
v. 10. agus i. 30. agus viii. 7, 8. Eph. iv. 18. Col. i. 21.—  
malluichte agus air 'ur ditcadh le Dia, Gal. iii. 10. Eoin iii.  
18, 36.—gun naomhachd, gun dochas, agus gun Dia anns  
an t-saoghal, Eph. ii. 1, 5, 12.—Tha bhur cridheachan nan  
ifrinn fholaichte do na h-uile ana miann, Rom. i. 29. Jer. xvii.  
9.—agus gach uile pblaigh eagallach, 1 Rìgh viii. 38.—Bhur  
beatha chaidh seachad air a lionadh suas leis gach obair  
ghrainneil, Mat. xv. 19. Eph. ii. 1, 3. Tit. iii. 3.—Tha sgrics

siorruidh ullamh aig bhur taobh. Tha Dia ann an corruich ruibh na h-uile latha; tha fhearg a' luidhe oirbh; tha chladhcamh tarruingte, tha bhogh air lagh, agus tha shaighdean air an suidheachadh a chum bhur sgrios, Salm vii. 11—14. Tha fuaim bhur dluth-dhamnuidh a' beucaich gu h-ard anns na h-uile bagradh 'na fhocal. Eadhon am feadh a ta mi labhairt, tha ifrinn a' seasamh fosgailte gu'r gabhail a steach, agus tha diabhail a' seasamh ullamh gu'r tarruing do theine siorruidh.—C'arson uime sin a choidleas sibh? C'arson neo-churamach? C'arson subhach? C'arson air chùthach 'na leithid sin do staid?

3. Cuimhnichibh, gu bheil peacaidhean bhur n'òige, air an d'amhaire sibh, theagamh mar nithe faoin, mar nithe eutrom, no mar aighear, ro-chionntach an lathair Dhè. Tha iad a' teachd a mach as bhur cridheachan cealgach agus ro-aingidh; as bhur n-inntin fheolmhor, a ta 'na naimhdeas an aghaidh Dhè; Tha iad 'nan ceannaire chealgach an aghaidh a lagh naomha, cotbromach, agus maith. Tha iad air an cur an gnìomh an aghaidh an ughdarais a tha aig Dia os bhur ceann, uile rabhaidhean, chomhairlean, ghealluidhean, bhagraidhean, throcairean, agus bhreitheanais. Tha iad air an cur an gnìomh an aghaidh uile chaoimhneas araid Dhè, ann bhur coimhead, agus ann an ullachadh air bhur son, n'uir nach b'urradh dhuibh sibh fein a chuidcachadh. Tha iad air an cur an gnìomh an aghaidh uile ghairmean, agus gheallana Dhè do mhuinntir òga. Tha iad 'nan truailleadh gràineil air na tàlantàn luachmhor, maiscach agus beothail a thug Dia dhuibh n'ur n-òige. Tha iad nam mi-ghnathachadh mor air aimsir luachmhor sin na h-oige, anns am bu choir dhuibh a bhi ag ullachadh airson a bhi feumail anns an am re teachd. Tha iad gu mor a' neartachadh cleachdanna truailidheachd annaibh. Tha iad a' claonadh feum bhur n-aignidhean an aghaidh Dhè, agus a shlighean. Tha iad air an cur an gnìomh ann am buairidhean beaga. Tha iad 'nan droch eisimplair do gach neach a chi sibh, ann a bhi gan icalladh, no bhi gan cruadhachadh ann am peacadh. Tha iad a' cur masluidh air Dia, mar gu biodh e fein, a gheallaidhean, a laghanna, a throcairean, agus a bhreitheanais, neo airidh air bhur suim, agus mar gu biodh iad a' toirt mi-chliu d'ur parantaibh, maighstiribh, agus ministearibh, mar gu'n cordadh iad ann bhur togail suas airson an diabhoil. Tha iad a' tarruing maslaidh oirbh fein, o's eigin dhuibh a ghiulan, aon chuid ann an geur-mhothachadh, no

ann am peanas sìorruidh. Tha iad a' toirt uaibh an co-chomunn sin re Dia is taitniche agus is tarbhaiche. Tha iad a' deilbh annaibh iomaidh eacachdamh truailidh do dhìomh-anas agus ana-miannaibh. Tha iad a' call dhuibh nan geallaidhean air saoghal fuda, agus soirbheachadh. Tha iad g'ar' fagail buailteach do bhreitheanais eagallach anns a' bheatha so, agus do pheanas sìorruidh 'san t-saoghal a ta re teachd, Job. xiii. 26. agus xx. 11. Jer. xxxi. 19. An bheil iad sin nan nithibh suarrach ann an spairn a' bhais— aig caithir-hreitheanais Chrìosd—no ann am meadhon lasraichean ifrinn?

4. Smuainichibh air na sochairean do-labhairt a th'agaibh a nis chum slainte shìorruidh blur n'anama a chur air aghaidh. 'San am so cha'n 'eil a leithid do bhacadh oirbh o thachd gu Chrìosd, sa th' aig moran eile. Cha'n'eil curaman imcheisteach oirbh mu theaghlaiichean, mu fhearann, no mu cheannuigheachd sean aois agaibh. Cha'n'eil a leithid a dh'ana-miannaibh laidir agaibh—cha'n'eil a leithid do chogaisibh cruadhaicht' agaibh, 'sa dh'fheudas a bhi agaibh an deigh so. Tha nis agaibh na cothroman a's luachmhoire air co-chomunn blasda agus caomh a mhcaultuin re Chrìosd, agus re Athair, agus ris an Spiorad naomh, ris am feud duil a bhi air thalamh. Tha beachd soilleir air fear-saoraidh ionmhuin, a tha neo-chrìochnach, grasmhor, gradhach, agus na dearbhaidhean soilleir, cumhachdach, araid air gradh-saoraidh, a coinneachadh ann an cridbeachan og agus maoth, ann an aignidhean og agus beothail, a' deanamh fìor-neamh air thalamh. Cha'n ni sam bith eil' e, ach tigh Dhe, agus geata neamh, anns am faic iad Dia ann an Chrìosd, aghaidh re h-aghaidh, agus iad air an teasairgin. Thigibh, mo chairdean og ionmhuinn, agus mar so faicibh agus blaisibh gu bheil Dia maith, agus gu bheil iadsan a ta cur earbs' ann agus a ta ga mhcaultuin, beannaichte; gu bheil Josa Chrìosd ro-mhilis, seadh, gu bheil e ro-thaitneach, gu leir ro-ionmhuinn, an ceann feadhna am measg deich mìle, Salm xxxiv. 8. Dan Shol. i. 16. agus v. 10, 16. Cia taitneach! cia aoibhneach a bhi faicinn cridheachan òg maoth, agus gràdhach, le eifeachd chumhachdach a' ghràidh-shaoraidh air a dhortadh annta, gu h-uile air an lasadh le *caoimhneas na h-òige*, le *gràdh am pòsaidh ris*. Cia neo-bhlasda, agus neo-sheadhar a ta na h-uile cuthach agus sugradh gnathuichté, ar n-òige. an coimeas ris an nì so! Cia tarbhach agus tearuinte a bhi

gu moch ann an Criosd, co dhiu bhios sibh beò no marbh!  
Cia cosmhùil a tha sibh an sin air mòr-eòlas fhaotain air  
Criosd, a bhi air bhur mor-luch-lachadh le shochaircan,  
agus air mòr-urram uaithe mu'm faigh sibh bàs.

5 Cluinnibh, cia caoimheil a tha'n Dia mòr bhur Slan-  
uighear 'ga bhur n-caralachadh, mar gu b'ann air bhur n'  
aiam: *Leigibh do na leanabanaibh teachd a'm' ionnsuidh, agus  
na bacaibh iad: oir is ann d'an leithidibh a ta rioghachd Dhè.  
Cuimhnich do Chruithfhear ann an laithibh t-dige. O blaisibh  
agus faicibh, gur maith an Tighearn. Thigibh a chlann,  
èisdibh rium; teagaisgidh mi dhuibh cagal an Tighearna. A  
mhic, thoir dhomhsa do chridhe. Èisd a nighean, agus  
amhairc, agus aom do chluas; agus di-chuimhnich do shluagh  
fein, agus tigh t'athar: An sin, gabhaidh ar Rìgh mor-thlachd  
ann ad àille: a chionn gur esan do Tighearn, thoirsa urram  
dha.—Posaidh mi tku rium fein ann am sìrcantachd, agus  
ann an ceartas, agus ann an caoimheas, agus ann an caomh-  
ghradh. Seadh, ni mi ceangal-posaidh riut ann am fèrinn,  
agus gabhaidh tu eòlas air an Tighearn.—Oir is e d'shear-pòsda  
do Chruithfhear. 'Se Tighearn nan sluagh a's ainm dha.  
Is mis' an Tighearn do Dhia.—Is mise Dia, do Dhia sa.  
Bidh mise dhoibhsan ann am Dhia, agus bidh iadsan dhomhsa  
nam pobull.—Their mi, Is iad mo shluagh: agus their iadsan,  
Is e an Tighearna mo Dhia. Marc. x. 14. Eccles. xii. 1.  
Salm xxxiv. 8, 31. Gnath-Tha, xxiii. 26. Salm xlv. 10, 11.  
Hos. ii. 19, 20. Isa. liv. 5. Ecerod. xx. 2. Salm l. 7. Jer.  
xxxii. 33. Sech xiii. 9.*

O! taisgibh fhocal gu durachdach ann bhur cridheachan,  
agus oidheirpichibh a ris agus a ris, a chredsin uile, le bhi  
'ga cho-chur le tagar dùrachdach gach neach ris fein, na  
d'thugaibh fois dha, gus an deau e mar thubhairt e—A  
Thighearn Iosa, gu'm b'e' nis an uair, anns an cluinn iadsan  
a tha marbh do ghuth, agus gu'm bi iad beò. Thig o na  
ceithir gaothaibh, O anail, O a Spiorad an Tighearn, agus  
séid air na cnaumha tiorma sin, chum is gu bi iad beò, agus  
gu seas iad a suas le Criosd, agus air son Chriosd, 'nam  
feachd mòr.

#### A CHRIOCH.

GLASGOW:

PRINTED, AND SOLD FOR THE

GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY,  
At their Depository, No. 10, WILSON-STREET.  
Price 1s. 4d. per hundred.



